

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 10 | 2014 | AN DÀMHAIR

## Facal Toisich

Nuair a bha mi 'nam shuidhe aig an deasc a' sgrìobhadh seo 's e madainn àlainn fhoghair a bha ann. Bha na h-eòin a' seinn agus bha sàmhchair air muir agus air tìr. Tha mòran dhaoine ann agus 's e am foghar an t-àm den bhliadhna as fheàrr leotha de ràithean na bliadhna.

'S e an rud bu mhotha a tharraing m'aire anns na làithean seo mar a tha na dathan a' tòiseachadh ag atharrachadh beag is beag air duilleagan nan craobh. Cha robh sin cho nochdte nuair a bha mi a' fuireach anns na h-eileanan far nach eil na craobhan cho pailt agus a tha e an seo ann an Earra Ghàidheal far a bheil pailteas choilltean.

'S e aon de na nithean a tha a' fàgail obair a' chruthachaidh cho brèagha agus cho tarraingeach cho ioma-dhathach agus a tha na seallaidhean a chì sinn mun cuairt oirnn, agus mar a bhios na dathan ag atharrachadh mar a tha a' bhliadhna a' dol seachad. Ged a tha an talamh rud-eigin lom fad a' gheamhraidh tha dathan gu leòr gar cuairteachadh aig a h-uile àm den bhliadhna ged nach biodh ann ach na beanntan agus an cuan.

Bidh daoine a' bruidheann air a bhith a' dèanamh àite-còmhnaidh air a' ghealaich. Tha na dealbhannan a chaidh a thogail air a' ghealaich a' sealltainn nach eil ann ach àite gun dreach an coimeas ris an talamh air a bheil sinne a' cur seachad ar beatha. Chan eil sinn tric gu leòr a' cur luach air na dathan eadar-dhealaichte a chì sinn mun cuairt oirnn latha an dèidh latha, ràithe an dèidh ràithe.

Bhiodh e math sùil agus spiorad an t-salmaidair a bhith againn. Bhiodh esan tric a' toirt luaidh air na seallaidhean a chì sinn ann an obair nàdair, agus bha sin a' toirt air a bhith a' moladh Cruthaidhear crìochan na talmhainn.

**Gach beannachd gu robh agaibh,**

**Ruairidh MacLeòid.**



**Seo eaglais an t-Srath anns an Ath Leathann anns an Eilean Sgitheanach. 'S e seann sgrìobhadh a tha seo agus bha eaglaisean ann roimhe seo anns na linntean a dh'fhalbh. Ach thogadh an taigh-adhraidh a bhios daoine a' frithealadh an-diugh eadar 1839 agus 1841. 'S e am Morair Dòmhnallach a thug seachad cuid mhath den airgead a chaidh a chosg air an eaglais a chur suas, agus nuair a rinneadh ath-leasachadh oirre ann an 1925 's e am Morair a bha ann aig an àm sin a thug cuideachadh airgid seachad. Tha sgrìobhadh an t-Srath an-diugh ceangailte ri Slèite.**

## Cùil nan Ceist

Aig an àm seo den bhliadhna chì sinn na duilleagan a' crìonadh air na craobhan. Air a' mhìos tha sinn a' togail cheist mu rudan anns a' Bhìoball a bhith a' seargadh. Gheibh sibh freagairt nan ceist anns na caibideilean a tha sinn ag ainmeachadh agus air an duilleig-chùil.

1. Dè a' chraobh a shearg as gu luath? (Mata, caibideil 21.)
2. Lìon a' bheàrn – “Mar an ——— ghlas seargaidh iad.” (Salm 37.)
3. Carson a shearg an sìol a chuireadh ann an ionadan creagach? (Mata, caibidel 13.)
4. Dè am mullach a bha a' dol a shearg? (Amos, caibideil 1.)

# Càirdeas – 5

Nach iomadh càirdeas a chaidh a mhilleadh tro fhacail mhì-chùramach. Ann an leabhar Sheumais tha sinn a' leughadh, *Oir ann am mòran nithean tha sinn uile ciontach. Mura eil duine ciontach ann am facal, is duine coileanta an tì sin, comasach mar an ceudna air srian a chur air a chorp uile.* Agus nas fhaide air adhart tha e ag ràdh, *Na labhraibh olc mu chèile, a bhràithrean.*

Tha mi a' dol a chrìochnachadh nan smuaintean seo le comhairle bho Socrates a bha 'na fheallsanach Greugach bho chionn iomadach linn. Agus tha a chomhairle freagarrach dhuinn uile nar latha fhèin.

Aon latha thàinig duine gu Socrates agus thubhairt e, *Fuirich gun innis mi dhut dè a tha mi air a chluinntinn mu dhèidhinn do dheagh charaid.*

*Stad mionaid, thubhairt Socrates. Tha mi a' dol a chur trì ceistean ort.*

*A' cheud tè, Mus innis thu dad dhomh, freagair seo. Mus bruidhinn thu mu dhèidhinn mo charaid, an do rinn thu cinnteach gu bheil an rud a tha thu a' dol a dh'innse dhomh fìor.*

*Uill, cha do rinn, fhreagair an duine, cha do rinn mi ach cluinntinn ma dhèidhinn.*

*Glè mhath, ars Socrates, chan eil fios agad a bheil e fìor no nach eil. A-nise an dara ceist – An e rud math a bha thu a' dol a dh'innse dhomh mu dhèidhinn mo charaid?*

*Uill, cha b'è.*

*Bha thu a' dol a dh'innse rud-eigin dona dhomh mu dhèidhinn mo charaid gun fhios agad an robh e fìor.*

*A-nise, a' cheist mu dheireadh, A bheil an rud a tha thu a' dol a dh'innse dhomh feumail.*

*Chan eil.*

Chrìochnaich Socrates leis na facail seo, *Mura bheil an rud a tha thu a' dol a dh'innse dhomh fìor no math no feumail, a bheil adhbhar innse anns a' cheud àite.*

Chunnaic mi na facail seo bho chionn ghoirid air an eadar-lìon, *Thoir an aire air do smuaintean nuair a tha thu leat fhèin agus bheir an aire air do bhriathran nuair a tha còmhla ri daoine eile.*

Tha càirdeas prìseil agus is hiach ar càirdean a chumail. Chan eil fios cuin a bhios feum againn orra.

**Oighrig Fhearghasdan,  
(A' Mhanachainn)**

# Toiseach a' Chogaidh

**(Direach ceud bliadhna air ais, anns an Dàmhair 1914, thàinig An Fhianaus Ghàidhealach, na Duilleagan Gàidhlig an Eaglais Shaoir Aonaichte, a-mach. Tha e inntinneach a bhith a' leughadh na sgrìobh am Fear-deasachaidh, an t-Urr. Calum MacGhillinnein, ministear Eaglais Chaluim Chille ann an Dun Eideann, le a smuaintean mun chogadh sgriosail a bha air a bhith a' dol beagan mhiosan. Cha b'urrainn fios a bhith aige gum maireach an cogadh ceithir bliadhna eile, agus nach e an cogadh a chuireadh crìoch air cogadh mar a bha e fhèin agus feadhainn eile an dùil.)**

Dè as urrainn dhuinn a ràdh mun chogadh uamhasach seo anns a bheil sinn an sàs? 'S gann as urrainn dhuinn facal a ràdh – tha e cho uamhasach agus cho do-chreidsinn. Cò a chreideadh o chionn trì mìosan gum biodh a' Ghearmailt agus Breatann an amhaichean a chèile? 'S fhada bho bha daoine a' cur air mhanadh a' Ghearmailtich gu robh e targdaiseachd oirnn, ach tha sinn ag aideachadh gu robh sinn air cuid a bha den bheachd nach robh olc sam bith anns an t-seann duine. Fhuair sinn fosgladh sùla a-nis, agus gu dearbh chan e am fosgladh beag.

Tha e 'na adhbhar gàirdeachais gu bheil an ruaig a' dol air an nàmhaid agus gu bheil luaidh gu bheil buaidh a' chath gu bhith aig Breatann agus a companaich air a' cheann mu dheireadh. Ach ged a tha sinn cinnteach as a sin tha sinn cinnteach cuideachd nach coisinnear a' bhuaidh is a' ghòir sin gun fhàigheadh gu daor agus gu goirt ann am fuil dhearg à cuislean ar mì is ar càirdean. Tha fios agus cinnt gur lìonmhor bean òg chridheil a dh'fhàgar 'na banntach aonranach bhrònach. Chan eil latha, mar a tha an cath uamhasach seo a' dol air adhart, nach eil na mìltean air am fàgail fàsail – cuid 'nam banntaichean, cuid 'nan dilleachdain, cuid a' caoidh nam mac gràdhach nach till tuilleadh a chur sgoinn agus cinnteach air an fhàrdaich. Tha sin uile gar lìonadh le bròn agus 's nì a bu chòir ar cumail air ar glùinean a' guidhe ri Dia nan gràs saidhbheas ro-mhòr a ghràis a bhuileachadh air cridheachan a' bhròin – muinntir a tha a' pàigheadh cho daor air amaideas agus cion-cèill a' Ghearmailtich.

Tha sinn an dòchas agus a' guidhe le dùrachd ar cridhe gur e seo an cogadh mu dheireadh. Chan e gu bheil mòran dùil againn gum bi rìoghachdan na Roinn Eòrpa mòran nas ciallaiche as dèidh a' chogaidh na bha iad roimhe. Tha sinn cinnteach à aon nì – mra biodh an Gearmailteach cho fuileachdach agus cho làn dhe fhèin is den iadach nach robh an tuil fala seo air a dòirteadh am bliadhna. Agus

# Leabhraichean

Thàinig an leabhar seo am follais an toiseach anns a' bhliadhna 2000, ach chaidh a chlà-bhualadh as-ùr air a' bhliadhna seo. Rinn Iain Latharna Caimbeul, Fear Chanaigh, rannsachadh mòr fad iomadh bliadhna air beul-aithris agus air litreachas na Gàidhlig. Thug e sia deug de leabhraichean a-mach air cuspairean Gàidhlig agus Ceilteach. 'S e a tha anns an leabhar seo cruinneachadh de na h-aithisgean a sgrìobh e eadar 1935 agus 1975 air iomadh cuspair co-cheangailte ri beatha agus eachdraidh nan Gàidheal, gu h-àraidh na daoine a bha a' fuireach anns na h-eileanan mu dheas, Uibhist a Deas agus ann am Barraigh.

Thog Fear Chanaigh saoghal bràth de sgeulachdan o Uibhistich agus Barraich. Tha iad a' toirt seallaidh dhuinn air tachartasan ann an eachdraidh ar sinnsirean – na fuadaichean, na h-eaglaisean an dèidh an Ath-leasachaidh, cleachdaidhean a tha a-nis air a dhol à bith.

**A Very Civil People**

**Hebridean Folk, History and Tradition**

**(Le Iain Latharna Caimbeul, air a dheasachadh le Uisdean Cheape.)**

**Air fhoillseachadh le Birlinn. £10.99**

A chionn gun do chuir Iain Latharna Caimbeul seachad cuid mhath de a bheatha ann an Canaigh, chan eil e 'na adhbhar iongnaidh gu bheil sinn a' leughadh mu na h-Eileanan Beaga, no na h-Eileanan Tarsaing mar a tha aig ar n-athraichean orra.

Tha an leabhar sgrìobhte ann am Beurla ged a thàinig cuid mhath den fhiosrachadh o na sgeulaichean an toiseach ann an Gàidhlig, tha e a' ciallachadh gu bheil cothrom aig luchd-leughaidh an taobh a-muigh den Ghàidhealtachd na sgrìobhaidhean seo a leughadh. Canaidh cuid gu bheil claon-bhàigh a' tighinn am barr ann an cuid de na beachdan aig a' Chaimbeulach nuair a tha e a' sgrìobhadh mu na h-eaglaisean, ach tha eòlas farsaing agus sgoilearachd anns an leabhar seo. Chì sinn cho beairteach agus a tha na rudan a thog Fear Chanaigh o bheul-aithris aig àm nuair a bha a' Ghàidhlig ann an ceàrnaidhean far a bheil i air crìonadh nar latha-ne.

tha sinn a cheart cho cinnteach ma dh'fhàgar an deò ann an-dràsda nach fhada gus an tòisich e a-rithist ag ullachadh is ag obair anns an uaigneas a dh'fhiach am faigh e fàth oirne no air rìoghachd air choireigin eile. Air an adhbhar sin tha sinn an dòchas nach cuirear claidheamh an truaill gus an toirear air a' Ghearmailteach gun sin e 'amhach ri tom. Tha sinn an dòchas gun cuir iad an druim is na claignn as a h-uile luing-chogaidh Ghearmailteach a tha air sàl.



**Seo feachd de shaighdearan Gàidhealach a bhuneadh do rèiseamaid nan Camshronach a' cur an aghaidh air a' bhàr aig àm a' Cheud Chogaidh. Saoil cia meud de na fir òga sin a fhuair bàs air raointean na Roinn Eòrpa. Nuair a sgrìobh an t-Urr. Calum MacGhillinnein am pios seo bha mar-thà dà mhìle de mhuintir nan eilean an sàs anns a' Chogadh Mhòr.**

Seo an uile-bhèist a bha a' cur bò-bò air an t-saoghal bho chionn bhliadhnachan – ach tha dòchas gun tàinig an latha agus an uair mu dheireadh anns am bi i air a cur don t-sìochraidh agus am faigh rìoghachdan an t-saoghail fois.

Saoilidh sinn cuideachd nach luath a thèid crìoch air a' chogadh-sa na chruinneachas na rìoghachdan ann an Comhairle agus a nì iad reachdan agus riaghailtean air an toir iad am mionnan a dhaigneachadh sith an t-saoghail, agus a dhèanamh cogadh eadar rìoghachdan neo-chomasach gu bràth tuilleadh.

Ach air an làmh eile: A bheil fios a bheil na rìoghachdan cho neo-chiontach agus a dh'fhaoidadh iad? A bheil ar rìoghachd fhìn cho

glan is a bu chòir dhi a bhith? A bheil peacadh aig an doras? Tha e fìor a thaobh rìoghachdan mar a tha e a thaobh dhaoine gu pearsanta: “Chan eil ionracan ann – chan eil fiù a h-aon.” Nam biodh sinne mar rìoghachd cho dìleas don Tighearna losa agus da lagh-san is a bu chòir dhuinn bhiodh iomadh nì nas fheàrr na tha iad. Tha e “na adhbhar eagail nach eil sinn idir a' toirt an urraim no na h-ùmhachd Dhàsan mar Thighearna agus mar Mhaighistir a bhuneadh dha. Chan eil sinn a' gabhail 'Fhacail mar ar riaghailt anns a h-uile nì – nam biodh tha e cinnteach a dh'aon nì nach biodh aimhreit no cogadh anns an t-saoghal. 'S e creud cuid againn nach urrainn adhbhar aimhreit a bhith eadar Chiosdaidhean no eadar rìoghachdan Crìosdail nach gabhadh rèiteach le facal Chrìosd gun aon bhuille a bhualadh, no aon bhoinne fala a tharraing.

Air an adhbhar sin tha e iomchaidh gun irioslaicheadh sinne sinn fèin agus gun aidicheadh sinn ar peacaidhean mar dhaoine is mar rìoghachd ann am fianais an Tighearna agus gun aslaicheadh sinn a chaomh-thròcair. Tha buaidh agus glòir air a' bhàr-chatha gu math, ach mura foghlam sinn leasan spioradail, agus mura faic sinn làmh an Tighearna anns a' chùis cha mhòr is fheairde sinn ar buaidh no ar glòir. Thig cnuimh annta a dh'itheas suas iad agus fàgaidh i sinne lom air a' cheann mu dheireadh.

Tha feum air gràs a chumas sinn dlùth air ar Dia – a chumas sinn iriosal agus brùite nar spiorad – a chumas ar sùil air ar Ceannard gus am bi sinn làidir ann an creideamh, a' toirt glòir do Dhia.

## Am Moderàtor air Chuairt

Aig deireadh an Lùnasdail thadhail Modeeràtor an Ard-sheanaidh, am Fìor Urr. Iain Chalmers air Clèir Leòdhais agus Clèir Uibhist. Aig toiseach a chuairt chuir Comhairle nan Eilean fàilte air aig cuirm aig an robh Moderàtor Clèir Leòdhais, an t-Urr. Tòmas MacNèill, cuideachd an làthair. Thadhail e air taigh-cùraim Dhùn Eisein agus choinnich e ris an òigridh a tha co-cheangailte ris an Arm agus ri Feachd an Adhair.

Air an t-Sàbaid bha air ceann na seirbheis mhaidne ann an Ard-eaglais Steòrnabhaigh agus ghabh e compàirt anns an t-seirbheis air an oidhche ann an Eaglais a' Mhàrtainnich.

Bidh tuilleadh againn air turas a' Mhoderàtor air an ath mhìos.

## Gàidhlig Shìmplidh

**Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: “Is taigh-ùrnaigh mo thaigh-sa.” Tha na faclan sin ann an Soisgeul Lùcais, an naodhamh caibideil**

deug aig an t-sia rann thar an dà fhichead. (Lùcas 19:46.) Labhair losa na faclan seo anns an teampall ann an Ierusalem. Tha còir aig a h-uile eaglais a bhith mar sin. Taigh-ùrnaigh. An seo bidh daoine a' togail an guth agus an cridhe ann an ùrnaigh. Bidh daoine ag ùrnaigh 'nan aonar. Bidh iad ag ùrnaigh còmhla ri daoine eile. Cluinnidh Dia ar n-ùrnaigh, mar nach biodh ann ach aon neach anns an eaglais no anns an teampall. Faodaidh sinn ùrnaigh a dhèanamh ann an àite sam bith. Ach tha e math a bhith ag ùrnaigh ann an taigh-ùrnaigh, ged nach biodh e cho eireachdail ris an teampall.

**Bha Pòl agus luchd-sgrìobhaidh eile a' coimeas beatha a' chreidmhich ri cuideigin a' ruith rèise. Bha iad eòlach air na**

geamachan mòra anns a' Ghrèig agus anns an Ròimh. Tha seo sgrìobhte ann an Litir nan Eabhraidheach: “Ruitheamaid le foighidinn an rèis a chuireadh romhainn”. 'S dòcha gun smaoinich sinn gur e faclan neònach a tha seo. Ann an iomadh rèis chan urrainn dhuinn a bhith foighidneach. Ann an rèis ceud slat no dà cheud slat feumaidh an lùth-chleasaiche a bhith a' ruith le spàirn. Ach ann an rèis fhada, feumaidh sinn a bhith foighidneach. Feumaidh sinn cumail air adhart, beag is beag, ceum air cheum. Thèid rudan nar n-aghaidh ach feumaidh sinn cumail air adhart, le cuideachadh gràs Dhè.

**Seanfhacal airson a' mhìos seo: “Gheibh Gàidheal fhèin a leth-bhreas.” (Even a Gael will find his fellow.) Tha na Gàidheil moiteil**

as an daoine, as an cultar, as an eachdraidh. Tha beairtas ann am bàrdachd agus ann an ceòl na Gàidhlig. Tha na Gàidheil a' cur luach air coibhneas. Ach tha fios aca nach eil iad nas fheàrr na daoine à dùthchannan eile. Tha daoine eile aig a bheil eachdraidh ghlòrmhor. Tha dùthchannan eile far a bheil seallaidhean brèagha. Tha daoine coibhneil ann an dùthchannan eile air feadh an t-saoghail. Tha am Bioball a' teagasg gur e rud ionmholta a tha ann an irioslachd. Chan eil e ceart a bhith gar n-àrdachadh fhèin os cionn dhaoine eile.

**Dè am biadh a bhios sibh ag ithe anns a' mhadainn? Tha daoine ann nach bi ag ithe ach beagan, cupa tì agus tost, 's dòcha. Is toigh**

leam fhèin truinnsar lit a' cheud rud anns a' mhadainn. 'S e brochan a chanas cuid de na Gàidheil ri lit. Canaidh daoine eile gum bu chòir dhut deagh bhracaist anns a' mhadainn. Bheir sin neart dhut airson an latha. Tha feum air biadh spioradail cuideachd. Thubhairt losa, “Is mise Aran na Beatha.” Ma tha sinn gu bhith làidir fallainn gu spioradail tha feum againn air na beannachdan a gheibh sinn le bhith a' creidsinn ann an losa Crìosd. Tha feum againn air beathachadh spioradail a h-uile latha de ar beatha, ma tha sinn a' dol a dh'fhàs ann an gràs. Tha biadh spioradail anns a' Bhioball.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.  
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

## Thall 's a-Bhos

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo dhuibh a-nis freagairt nan ceist mu rudan a tha a' seargadh agus a' crìonadh. 1. A' chraobh-fhìge. 2. Luibh. 3. Cha robh doimhneachd talmhainn aige. 4. Mullach Charmeil.

### SEIRBHEIS GHÀIDHLIG

Aig deireadh an Lùnasdail bha am Fear-deasachaidh air chuairt ann an Tioriodh. Chùm e seirbheis Ghàidhlig oidhche na Sàbaid. Tha Clèir Earra Ghàidheal air sgìrean a chomharrachadh far am bu chòir seirbheisean Gàidhlig a bhith air an cumail bho àm gu àm. Tha a' chuid mhòr de na sgìrean sin ann an eileanan Earra Ghàidheal. Tha duilgheadas aig a' Chlèir searmonaichean a lorg aig a bheil Gàidhlig.



Chaill ministearan Gàidhealach agus feadhainn a bha ag ullachadh airson na ministrealachd am beatha anns a' Cheud Chogadh. Air fear aca bha an t-Urr. Iain Moireasdan (Seonaidh a' Mhinistear) a bhuineadh do Bheàrnarigh na Hearadh. Nuair a thòisich an cogadh bha e 'na mhinistear ann an Ceann na Creige. Ghabh e anns an arm mar shaighdear agus bha e 'na oifigeach anns na Camshronaich. Chaidh a mharbhadh anns an Fhraing air a' cheathramh latha fichead den t-Sultain 1918, beagan sheachdainean mun deachaidh an t-sith a ghairm.

### RANN

Rinn Eachann MacFhionghain, bàrd Bheàrnaraigh na Hearadh, laoidh don Chogadh Mhòr. Chunnaic e fhèin fulangas agus milleadh nuair a bha e ann am feachdan an rìgh ann an Gallipoli. Anns an rann seo tha e a' caoidh nan daoine a thuit anns a' chogadh.

*O, liuthad mac màthar àlainn. maiseach  
A tha 'na chadal san t-sliabh  
A dh'àraich i 'n àird le bàidh is canas  
'S le gràdh bha farsaing 'na cliabh;  
Cha till iad gu bràth bhon dh'fhàg iad 'n anail;  
Air sràid chan fhaicear iad sìos;  
Rinn innleachd an nàimh an tàladh dhachaigh  
Dhan cheàrn sam fan iad gu sìor.*

### CUIRIBH FIOS THUGAINN

Ma tha seirbheisean sònraichte anns an sgìr agaibhse, nach leig sibh fios thugainn. Tha sinn an còmhnaidh a' lorg fiosrachaidh air seirbheisean Gàidhlig.

### ADHBHAR GAIRE

Ann am baile anns na h-eileanan bha seirbheis Chomanachaidh ann an dà eaglais. Bha an fheadhainn a bha air a bhith ag adhradh ann an tè de na h-eaglaisean letheach tro dhìneir na Sàbaid nuair a chunnaic iad feadhainn as a' choitheanal eile a' dol seachad. Thubhairt cuideigin agus e a' tuigsinn cho fada agus a bha an t-seirbheis gu robh e iongantach na bha aig a' mhinistear ri ràdh agus an t-seirbheis cho fìor fhada. Thubhairt fear a bha anns a' chuideachd gu robh buntàta mar sin aca air a' bhliadhna sin. Bha rùsg air leth tiugh air ach an dèidh dhut ùine mhòr a chur seachad ga rùsgadh 's e glè bheag de bhiadh a bha air fhàgail.

## Urnaigh

A Dhè nan ginealach,

tha Thusa gun atharrachadh

am measg gach caochladh a thig

ann an eachdraidh a' chinne-daonna

agus air beatha gach aon againn.

Gum bi sinn a' dèanamh gàirdeachais

gu bheil Thusa gar gràdhachadh le gràdh sìorraidh

agus gu bheil do gheallaidhean a' seasamh

linn an dèidh linn.

Amen

An dealbh air an aghaidh:  
Seo sealladh air Gleann Comhan.  
Thogadh an dealbh bliadhnan air ais  
mun do rinneadh leasachadh air na rathaidean.  
Ach tha na beanntan àrda gun atharrachadh,  
an-diugh mar a bha iad bho chionn cian nan cian.